Parent Club

LEUGH SGRÌOBH CUNNTAIS

BEACHDAN SPÒRSAIL AIRSON AN CUMAIL TOILICHTE...

...FOSGAIL SEO.

PRÌOMH 3 | Fiosrachadh do phàrantan mun bhaga

Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

Dè th' ann an Leugh, Sgrìobh, Cunnt?

Tha an leabhar seo làn de bheachdan feumail gus do chuideachadh tron latha. Faodaidh a bhith nad phàrant a bhith spòrsail, ach faodaidh e a bhith dùbhlanach cuideachd, gu h-àraid ann a bhith a' feuchainn ri an cumail dòigheil fad na tìde.

Cleachdadh an leabhair seo

Sin an t-adhbhar gu bheil sinn air na molaidhean, geamannan is gnìomhachdan a leanas a chur ri chèile, a dh'fhaodas tu a ghabhail a-steach do ghnàth-chùrsa an latha gu furasta gus cuideachadh le do phàiste a chumail toilichte tro fhad an latha. Tha cuimseachadh ùine a-mach às an latha agad airson ionnsachadh, fìor mhath dhut fhèin agus don phàiste agad. Eadar gu bheil sibh aig an taigh no a-muigh, is urrainn do na gnìomhachdan seo ur cuideachadh a' cur seachad beagan ùine luachmhor còmhla, a' cruthachadh beagan ùine dhuibh a dhol air adhart le nithean, agus dòigh fìor mhath air faighinn a-mach dè tha a' dol tro an inntinn!

Sùil air Gnìomhachdan

Coimhead a-mach airson nan ìcean a leanas gus sealltainn dhut dè an seòrsa gnìomhachd a th' ann.

Gnìomhachd leughaidh

Gnìomhachd sgrìobhaidh

Gnìomhachd cunntaidh

Gnìomhachd èisteachd is labhairt

Dè tha anns a' bhaga?

Anns a' bhaga, lorgaidh sibh:

Dà leabhar

- **Octopus Shocktopus** le Peter Bently agus Steven Lenton
- **The Last Wolf** le Mini Grey

Leabhar notaichean agus peansail sgrìobhaidh

Gèam cairte Beastie Battle le cairtean gnìomhachd ùine is sgeulachd air a' chùl

Teip tomhais

An iùl phàrantan/ luchd-cùraim seo

- Falamhaich am baga còmhla ri do phàiste agus faicibh dè tha na bhroinn.
- Cuir a-mach na nithean uile agus bruidhinnibh mun deidhinn, a' toirt cothrom dod phàiste a bhith le ireapais.
- An uair sin air adhart leibh agus biodh spòrs agaibh! Tha gach nì a dh'fheumas sibh anns a' bhaga agus na beachdan ghnìomhachdan uile a tha riatanach airson an fheum as fheàrr a thoirt às a' mhòr-chuid de na nithean san leabhar seo. Mar sin, thoir sùil air ais nuair a bhios feum agad air!

LEUGHADH CÒMHLA, GABHAIL FOIS CÒMHLA

Tha leughadh còmhla rid chloinn uabhasach math don dithis agaibh agus a' toirt tìde dhuibh a bhith a' gabhail fois còmhla. Chan eil e ro fhadalach aig àm sam bith tòiseachadh. Lorgaidh sibh dà leabhar sa bhaga, air an taghadh dhut fhèin agus don phàiste agad gus an leughadh le chèile. Tha sinn an dòchas gun còrd iad ris an dithis agaibh.

Ma tha thu airson tuilleadh leabhraichean a lorg a chòrdas ribh còmhla, tadhail air an leabharlann ionadail agaibh. Faodaidh an leabharlannaiche do chuideachadh le cairt leabharlainn fhaighinn mura h-eil cairt agad, agus leabhraichean eile a chòrdas ribh a lorg.

Molaidhean airson leughadh còmhla

Theirigibh le chèile air an duilleig cheudna

- Lorgaibh àite sàmhach. Tionndaidh dheth fònaichean làimhe agus TBhan gus buairidhean don dithis agaibh a lùghdachadh.

- Mus fhosgail thu an leabhar, coimheadaibh ris a' chòmhdach aghaidh agus a' chòmhdach cùil còmhla. Cuir ceistean air a' phàiste agad mu na tha iad a' faicinn agus cò mu dheidhinn a tha an sgeulachd.

Airson sonas gu bràth

- Faodaidh sibh leughadh còmhla aig àm sam bith den latha, ach tha àm cadail na chothrom foirfe.

- Ma tha sibh air tòiseachadh air leabhar ach nach eil e a' còrdadh ribh còmhla, feuch leabhar eile.

Dèan spòrsail agus furasta e

- Aon uair 's gu bheil sibh air an leabhar fhosgladh, leugh na facail ach bruidhinn mu dheidhinn nan deilbh cuideachd. Tha mòran mion-fhiosrachaidh glè thric anns na deilbh a bhios inntinneach agus spòrsail dod phàiste.

- Faodaidh tu leughadh don phàiste agad, faodaidh iadsan leughadh dhutsa no faodaidh sibh turas mu seach a ghabhail a' leughadh duilleig no paragraf an urra. Cuimhnich, fiù ged as urrainn don phàiste agad leughadh leotha fhèin, 's e deagh bheachd a th' ann leughadh dhaibh. Tha leughadh a-mach glè chudromach airson bun-sgilean a thogail aig gach ìre, agus a' cuideachadh chloinne gu miann leughaidh agus leabhraichean a bhrosnachadh.

- Cuir ceistean air do phàiste fhad 's a tha thu a' leughadh, mar carson a tha iad den bheachd gu bheil rudeigin a' tachairt san sgeulachd no mar a tha iad a' faireachdainn mun sgeulachd.

- Ma tha do phàiste a' leughadh dhutsa, cuidich iad le facail mu nach eil iad cinnteach. Misnich iad gu am facal fhuaimneachadh no obrachadh a-mach,stèidhichte air na facail eile san t-seantans agus na tha a' tachairt san sgeulachd. Mura h-eil fios aca air an fhacal, mìnich dhaibh dè tha e a' ciallachadh.

- Tha e ceart gu leòr cuideachd an leabhar ceudna a leughadh a-rithist agus a-rithist!

Airson tuilleadh bheachdan mu leabhraichean a dh'fhaodas còrdadh riutfhèin agus do phàiste, Tadhail air **scottishbooktrust.com/book-lists**



O MO CHREACH AN OCHD-CHASACH!

PETER BENTLY & STEVEN LENTON

Aon latha, bha ochd-chasach air a thighinn a dh'fhuireach air mullach taighe. Chan eil e fada gus an dèan e mòran charaidean, mar sin carson a thèid e às an t-sealladh gu h-obann aon oidhche?

Dèan suas gnìomhachd de do roghainn agus cuir Tweet thugainn!
@readwritecount

Beathaichean coitcheann

Tha ainmear trusaidh mar ainm do bhuidheann de bheathaichean, leithid buidheann de fheannagan no measgachadh de phearraidean, ach chan eil aon fhacal ann airson buidheann de ochd-chasaich, oir tha iad buailteach a bhith nan aonar. An urrainn dhut ainmearan trusaidh a lorg do bhuidhnean eile de bheathaichean?

Àm comhardaidh

Tha mòran fhacail san leabhar seo a tha a comhardadh. Dh'fhaodadh sibh turas mu seach a ghabhail gus cuid de na facail comhardaidh a chòmhdach, agus 's dòcha tomhais cò iad no fiù an ionadachadh le facail eile a tha a' comhardadh.

Sireadh taighe

Coimheadaibh còmhla ris na taighean uile a tha san leabhar. A bheil fear as fheàrr leat agad? Cleachd an leabhar notaichean agad gus dealbh a tharraing den taigh foirfe agad!

Dèanamh charaidean

Ciamar a tha thu a' smaoineachadh a tha an t-ochd-chasach a' faireachdainn aig toiseach an leabhair? Ciamar a bhiodh tu air fàilte bhlàth a chur air? Bruidhinn mu dheidhinn no tarraing cuid de bheachdan air mar a dh'fhaodadh tu a bhith air caraidean a dhèanamh nam b' e ochd-chasach a bh' annad,

Cia mheud?

An urrainn dhut an àireamh iomlan de chasan air gach duilleig a chunntadh? Dè an duilleag sa bheil an àireamh as motha agus dè an duilleag sa bheil an àireamh as lugha?

Sgeulachdan iongantais

Smaoinich air gun tàinig thu dhachaigh às an sgoil gus iongantas a lorg air mullach an taighe agad. Ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn? Cleachd na cairtean sgeulachd agad gus sgeulachd a chruthachadh mu dheidhinn còmhla.

Tàlantan speisealta

Tha an t-ochd-chasach math air mòran de dhiofar nithean. Bruidhnibh còmhla ris an teaghlach agaibh mu dheidhinn nan nithean air a bheil sibh uile math no na sgilean sònraichte a th' agaibh. A bheil sgilean speisealta sam bith aca a tha iad airson a roinn?

Dè an seusan?

Tha an leabhar a' dol tro mhòran sheusanan. An urrainn dhuibh coimhead tron leabhar còmhla agus gach aon dhiubh ainmeachadh? Dèan deasbad le do theaghlach mun t-seusan as fheàrr leibh.

Faireachdainn diofraichte

Chan eil a' Bh-ph Antrobus cinnteach mun ochd-chasach an toiseach ach tha i ag atharrachadh a h-inntinn glè luath. Bruidhnibh còmhla mu àm a bha thu mì-chinnteach mu rudeigin agus dè a chuidich thu gu d' inntinn atharrachadh.

Caraidean teaghlaich

Nam b' urrainn dhut caraid beathaich àibheiseach a bhith agad, dè bhiodh ann? Am biodh e an aon dòigh ris a' chòrr den teaghlaich? Bruidhnibh còmhla agus dèanaibh co-dhùnadh air dè am beathach a bu mhotha a b' fheàrr leibh fuireach san taigh agaibh. Tarraing an caraid beathaich àibheiseach agad san leabhar notaichean agad.

Àm rannsachaidh

Càite am biodh ochd-chasach a' fuireach ann an da-rìribh? An urrainn dhut faighinn a-mach far a bheil iad a' fuireach agus dè tha iad ag ithe? Dh'fhaodadh tu faidhle fiosrachaidh a chruthachadh san leabhar notaichean agad gus a roinn leis an teaghlach.

Dè tha thu airson a bhith?

Coimheadaibh ris an duilleig mu dheireadh còmhla. Is urrainn dhut innse dè an obair a tha aig daoine bhon taigh aca. An urrainn dhut na diofar obraichean san sgeulachd a chomharrachadh? Dè am fear a bu mhath leat a bhith agad?

Ochdo-spòrs

Dè as aithne dhut mu àireamh 8? An urrainn dhut fhèin no cuideigin san teaghlach an àireamh seo a ràdh ann an cànan sam bith eile? An urrainn dhut fiosrachadh inntinneach a lorg mu àireamh 8?


Am
Madadh-allaidh
mu
Dheireadh
MINI GREY
NIGHEAN BHE
A' CHÒTA DHE
A' DOL UAINE
Audio Ve
gaelic4parent

Tha Red Bheag a' falbh a-steach don choille a dh'fhaighinn grèim air madadh-allaidh. Ach chan eil a' choille mar a bha i a' coimhead – agus a bheil fiù 's madadh-allaidh air fhàgail?

Am bìobhair a' tilleadh

Tha beathaichean ann an Alba a bha à bith aig aon àm, leithid am bìobhair, ach a tha a-nis air tilleadh. An urrainn dhuibh beagan rannsachaidh a dhèanamh còmhla gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu dheidhinn cuid de na beathaichean a b' àbhaist a bhith beò ann an Alba? A bheil fios agad dè am beathach nàiseanta a tha aig Alba?

Ath-chuairtich, ath-chleachd!

Tha Red a' lorg baga biona làn sgudail air a cuairt. Am b' urrainn dhuibh coimhead mun cuairt còmhla agus bruidhinn mu dheidhinn nan nithean a ghabhas an ath-chuairteachadh an àite an tilgeil air falbh?

Roghainnean fallain

Tha Red a' roinn na tha sa bhogsa-lòin aice leis na beathaichean. An urrainn dhuibh an duilleag bogsa-lòin san leabhar notaichean agaibh a chleachdadh gus liosta ceannach a dhèanamh còmhla agus lòn fallain a tharraing?

Paisg do bhaga

Aig toiseach an leabhair, tha Red ag ullachadh airson a turais. Bruidhnibh mu dheidhinn dè a bheireadh sibh leibh gus a dhol a rùrach sa choille no sa phàirc. Faodaidh sibh an leabhar notaichean a chleachdadh gus liosta a dhèanamh agus na nithean agaibh a tharraing còmhla.

Dèan mapa dheth

An urrainn dhut mapa a chleachdadh (air pàipear no air-loidhne) gus faighinn a-mach far a bheil a' phàirc agus na craobhan as fhaisge dhut? Dè cho fada 's a bheireadh e faighinn ann, nad beachd-sa? Feuch ri tuairmse a dhèanamh agus an uair sin tìmig thu fhèin nuair a thèid thu fhèin agus do theaghlach ann, agus faic dè cho ceart 's a bha an tuairmse agad.

Bruidhinn mu dheidhinn far a bheil an leabhar seo air a stèidheachadh. An urrainn dhut na cairtean sgeulachdan agad a chleachdadh gus suidheachadh a dhealbhadh don sgeulachd agad fhèin?

Sgeulachdan traidiseanta

Bruidhinn mu na caractaran san leabhar seo. An urrainn dhut smaoineachadh air sgeulachd sam bith eile leis an aon seòrsa charactaran? A bheil thu air an cluinntinn no air am faicinn ann an sgeulachdan eile? Dè na sgeulachdan traidiseanta eile a th' ann air a bheil fios agad fhèin agus aig do theaghlach?

Sìl bheaga

Tha Red Bheag a' cur beagan dhuirceanan-daraich gus am fàs iad nan craobhan. An urrainn dhut beagan sìol a lorg air an talamh ri taobh nan craobhan a dh'fhaodadh tu a chur? Dè na diofar sìl as urrainn dhut a lorg? Ciamar as urrainn dhut an cuideachadh gu fàs?

Ùine a' siubhal

An urrainn dhut an t-eadar-lìon a lorg no tadhal air an leabharlann ionadail agad gus faighinn a-mach cò ris a bha an sgìre agad coltach o chionn 100 bliadhna? Faodaidh tu coimeas a dhèanamh eadar e agus mar a tha e a' coimhead a-nis, agus dè tha air atharrachadh. Carson nach dèan thu agallamh le cuid de na buill as sine san teaghlach no sa choimhearsnachd agad, agus faighnich dhaibh cò ris a bha am beatha coltach nuair a bha iad an aois agadsa? Mar eisimpleir, dh'fhaodadh tu faighneachd mu na leabhraichean agus mun bhiadh a b' fheàrr leotha.

Talla dhealbhan

Tha ainmean caran neònach stèidhichte air madadh-allaidh san talla dhealbhan. An urrainn don teaghlach agad smaoineachadh air tuilleadh dhiubh, gus an cur còmhla riutha? Cleachd an duilleag dhealbhan san leabhar notaichean agad gus dealbh de mhadadh-allaidh a tharraing agus cuir leubail air leis an ainm as fheàrr a th' agad.

Àm gheamannan

Tha na beathaichean a' cluich nathraichean is fhàraidhean. An urrainn dhuibh bruidhinn còmhla mu gheamannan a tha a' còrdadh ribh uile? Dè bu thoigh le buill an teaghlaich agad a bhith a' cluich nuair a bha iad an aois agadsa?

BEAGAN sgrìobhaidh...

Is fìor thoigh le clann am peansailean a thoirt a-mach agus tòiseachadh a sgrìobhadh no a tharraing, a' sealltainn dè as urrainn do am mac-meanmhainn a dhèanamh. Agus tha e furasta sgrìobhadh amalachadh le gnìomhachdan làitheil, fhad 's a tha sibh a' cumail inntinn ur pàiste gnìomhach agus tòrr spòrs agaibh còmhla.

Cairtean Sgeulachd

Faodaidh na cairtean seo ur cuideachadh a' cruthachadh sgeulachdan ùra còmhla. Tha na cairtean a' gabhail a-steach trì tèaman gus cuideachadh leis an sgeulachd innse: caractaran, suidheachaidhean agus nìthean.

Iuchair nan sgeulachdan:

Caractar	Suidheachadh	Nì
Speuradair	Suidheachadh le sneachd	Iuchair
Ochd-chasach	Taigh iargalta	Paca-droma
Duine-mara	Uaimh	Uidheam sgrìobhaidh
Neach-saidheans	Baile-mòr	Tiodhlac
Trola	Fànais	Fòn
Taibhse	Coille-uisge	Prosbaig
Ròbat	Fàsach	
Madadh-allaidh	Àrd-ùrlar	
Aon-adhairceach	Seada gàrraidh	
Seann bhoireannach	Caisteal	
Cat	Fo-uisge	

Facail thuairisgeulach

Tagh aon de na cairtean agus comharraich an dealbh m.e. cat. Iarr air do phàiste smaoineachadh air nas urrainn dhaibh de dhiofar fhacail airson innse mun ìomhaigh. Dh'fhaodadh iad an ìomhaigh a tharraing ann am meadhan duilleig san leabhar notaichean aca agus na facail a sgrìobhadh timcheall air.

Tarraing dealbh



Iarr air do phàiste aon chairt caractair a thaghadh, aon chairt nithean agus aon chairt suidheachaidh, agus an uair sin tarraing dealbh a' cleachdadh nan cairtean mar bhrosnachadh. Misnich iad gu mìneachadh dè tha a' tachairt san dealbh. Dh'fhaodadh iad seo a chleachdadh mar phlana don sgeulachd. Feuch a-rithist le còrr air dà charactar!

Feuch seo nuair a dh'fheumas tu fuireach a-staigh air latha fliuch

Dùbhlan sgeulachd

Gabhaibh turas mu seach gus sgeulachd innse ann an 30 diog, a' cleachdadh co-dhiù aon chairt caractair, aon chairt nithean no aon chairt suidheachaidh.



Cruthaich sgeulachd

Iarr air do phàiste trì caractaran, aon nì agus aon suidheachadh a thaghadh agus sgeulachd a dhèanamh suas. Dh'fhaodadh iad an sgeulachd innse dhut, a sgrìobhadh sìos, a cleasachd no fiù a filmeadh!

Cuir seachad an sgeulachd

Tha aon chluicheadair a' tòiseachadh na sgeulachd le bhith a' taghadh aon charactar, aon nì agus aon suidheachadh, a' dèanamh suas sgeulachd timcheall orra. Tha gach cluicheadair a' gabhail turas mu seach a' taghadh caractar eile no nì agus a' cur seantans eile ris an sgeulachd. Feuch ri suidheachadh ùr a thaghadh agus an sgeulachd atharrachadh cuideachd. Mar as gòraiche a bhios an sgeulachd aig an deireadh, 's ann as fheàrr!

Dòigh mhath air an ùine a chur seachad còmhla air turas fada!

Farpais Ficsein
50 Facal

Brosnaich do phàiste gu an cairtean sgeulachdan a chleachdadh gus an cuideachadh gu pàirt a ghabhail san Fharpais Ficsein 50 Facal.
Airson tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn com-pàirteachadh, tadhail air:
scottishbooktrust.com/50words

GEAMANNAN ÀIREAMHAN

AS URRAINN DHUIBH

1 2 3

Tha mòran gheamannan àireamhan spòrsail ann a dh'fhaodas tu fheuchainn ann an gnìomhachdan làitheil còmhla ri do phàiste, gus ùine a chur seachad còmhla. Faodaidh na beachdan, molaidhean is gnìomhachdan a leanas cur ri ur toileachas!

Batal Bhiastan

Amas a' gheama:

Gu nas urrainn dhuinn de chairtean a bhuannachadh bhon phaca, le bhith a' taghadh an tè a bhuannaicheas anns gach cuairt.

Dòigh cluiche:

Gus an gèam a thòiseachadh, measgaich na cairtean agus roinn na cairtean a-mach am measg nan cluicheadairean. Tha gach cluicheadair a' cumail an cairtean gus nach fhaic iad ach a' chairt air a' mhullach. Tha a' chiad chluicheadair a' tòiseachadh le bhith a' leughadh a-mach seòrsa (m.e. cuideam). Is e an cluicheadair leis an àireamh as àirde air a' chairt mhullaich aca a tha a' buannachadh, agus tha an cluicheadair sin a' tional nan cairtean uile a thathar a' cluich. 'S e an turas aca a th' ann an uair sin aon de na ceithir seòrsaichean a thaghadh (faid, cuideam, rèis-saoghail no sgil sònraichte), bhon ath chairt. Ma tha dà chairt no barrachd a' roinn an luaich as àirde, tha an cluicheadair ceudna a' taghadh a-rithist seòrsa eadar-dhealaichte (tha buannaiche na làimhe a' gabhail nan cairtean sin cuideachd). 'S e an neach leis an àireamh as motha de chairtean a tha a' buannachadh.

Cuir dùbhlan air do phàiste na leanas a dhèanamh:

- Lorg na beathaichean as truime agus as aotroma.
- Lorg na beathaichean as fhaide agus as giorra.
- Lorg am beathach leis an sgòr sgile shònraichte as àirde.
- Lorg nì san taigh agad a tha co-ionann ann am faid ri aon de na beathaichean sin, a' cleachdadh teip tomhais gus an cuideachadh.
- Cleachd an seòrsa faid agus riaraich na cairtean uile ann am beathaichean a tha nas giorra no no nas fhaide na aon mheatair.

Nas àirde no nas ìsle

Cuir na cairtean le an aodann sìos ann an càrn. Tionndaidh a' chiad chairt agus tagh seòrsa a chluichear m.e. faid. Tomhais am bi faid a' bheathaich nas àirde no nas ìsle na a' chairt nad làimh. Tionndaidh i agus ma tha thu ceart, feuch turas eile leis an aon seòrsa. Cùm a' dol fhad 's a tha thu ga fhaighinn ceart agus cùm na cairtean uile a bhuannaicheas tu. Ma gheibh thu ceàrr e, tha an turas agad a' tighinn gu deireadh agus 's e turas an ath chluicheadair a th' ann an ath chairt a thionndadh agus seòrsa a thaghadh.

Dèan do chairt fhèin

Tagh creutair eile nach eil anns a' phaca. Rannsaich fiosrachadh mun bheathach agus lìon a' chairt teamplaid a tha sa phaca leis an fhiosrachadh agad.

Snap!

An urrainn dhut beathaichean sam bith a lorg a tha a' nochdadh air na cairtean no ann an aon de na leabhraichean a tha sa bhaga agad?

Dè an t-ainm a th' air

A bheil fios agad air an ainm Albannach/Gàidhlig airson gin de na beathaichean? Bruidhnibh còmhla mu na diofar ainmean a tha air cuid de na beathaichean.

Lorg bheathaichean

Cò aca de na beathaichean air na cairtean a tha thu air fhaicinn ann an Alba roimhe agus cò aca nach fhaca tu a-riamh? An urrainn dhut an seòrsachadh ann an dà chàrn? Iarr air an teaghlach agad sin a dhèanamh cuideachd agus dèanaibh coimeas eadar na freagairtean agaibh.

Cairtean Gnàth-chùrsa

Maidsig iad

Maidsig na gnìomhachdan le na diofar amannan den latha – a bheil na gnìomhachdan sin a' tachairt aig an aon àm gach latha dhut?

Cleasachd-atharrais

Tagh cairt agus cuir a' ghnìomhachd an gnìomh ann an cleasachd – an urrainn don neach eile tomhais dè a' ghnìomhachd a tha thu a' mìmeadh?

Dè a-nis?

Tagh a dhà de na cairtean uarach agus bruidhinn mu na dàn-thursan a dh'fhaodadh a bhith agad san àm sin.

Mo ghnàth-chùrsa

A' cleachdadh nan cairtean, an urrainn dhut na gnìomhachdan a chur anns an òrdugh san dèanadh tu iad? Tarraing dealbh san leabhar notaichean de phairt chudromach den ghnàth-chùrsa agad agus sgrìobh sìos an uair aig a bheil e a' tachairt. Faodaidh tu cuideachd na cairtean a chleachdadh gus a' ghnìomhachd as fheàrr leat a shealltainn agus an uair a tha thu ga dhèanamh.

Làithean measgaichte

Smaoinich air latha measgaichte far an do rinn thu nithean san òrdugh cheàrr! Ath-rèitich na cairtean agus sgrìobhaibh sgeulachd còmhla mu dheidhinn cò ris a dh'fhaodadh an latha sin a bhith coltach. Na dìochuimhnich a bhith a cheart cho cruthachail agus mac-meanmhainneach agus cho gòrach 's as urrainn dhuibh!

Teip Tomhais

Tha an teip tomhais seo mar chruth sùbailte de rùlair. Coimhead air a' chùl airson smuaintean mu dè a dh'fhaodadh tu a thomhais anns an taigh no mu chuairt an taighe.

Tomhais-tuairmse

Tomhais nì san taigh agad, mar faid bròig. Dè nam biodh dà bhrog agad ann an sreath – an urrainn dhut tuairmse a dhèanamh air faid dà bhròig agus faic dè cho dlùth 's a tha thu?

Cumail chlàran

Tòisich air iris tomhais san leabhar notaichean agad agus clàir faid, àirde agus leud nithean de dhiofar mheudan. Coimhead air a' chùl den teip tomhais airson beachdan air nithean a dh'fhaodadh tu a thomas.

Cumaidhean neònach

Faodaidh cuid de nithean a bhith duilich an tomhas air sgàth an cumaidh. Còmhla ri inbheach, feuch ri pìos sreinge a chleachdadh gus do chuideachadh a' tomhas nì le cumadh neo-àbhaisteach le bhith ga suaineadh timcheall na pàirt den nì a tha thu airson a thomhas, am pàirt far a bheil an t-sreang a' tighinn gu chèile agus an uair sin a' tomhas faid na sreinge.

Sìn a-mach e

Lorg rudeigin a tha nas fhaide na an teip tomhais agad. An urrainn dhut feuchainn ri a thomhas le bhith a' cleachdadh teip tomhais grunn thursan agus a' cur na faidean ri chèile?

Dè cho fada 's a thèid thu?

Bi gnìomhach agus cleach do theip tomhais mar a bhios tu a' dol air adhart. Feuch ri tomhais dè cho fada 's as urrainn dhut leum, no ruith ann an 30 mionaid, agus dèan coimeas air le buill den teaghlach agad.

Batal Bhiastan

Tagh caractar Batal Bhiastan le faid de 2m no nas lugha, an uair sin feuch ri nì a lorg den aon fhaid, a' cleachdadh do theip tomhais mar sgrùdadh.

Spòrs bhloighean

Thoir leat do theip tomhais nuair a thèid thu a-mach – an urrainn dhut nì a tha 1m a dh'fhaid a thomhas? Dè mu dheidhinn rudeigin a tha leth an fhaid sin no cairteal den fhaid sin – cia mheud ceudameatair a bhiodh sin?

Dè na geamannan a tha thu a' cluich leis an teip tomhais? Tuitig thugainn iad! **@ReadWriteCount**

Tomhasan coiseachd

Air ur cuairtean coiseachd, lorg nithean a tha thu a' smaoineachadh a dh'fhaodadh a bhith nas lugha na 10cm de dh'fhaid, an uair sin cleachd do theip tomhais a dh'fhaicinn a bheil thu ceart? An urrainn dhut an cur ann an òrdugh a rèir am faid? Cia mheud dòigh eile san urrainn dhut an cur an òrdugh?

Càite am faigh mi tuilleadh fiosrachaidh no cuideachaidh?

Nam bu mhath leat barrachd fiosrachaidh mu bhith an sàs ann an ionnsachadh do phàiste, tadhail air na làraichean-lìn seo:

parentclub.scot

Tha làrach-lìn a' Chlub Phàrant làn de bhidiothan, bheachdan is mholaidhean mu ghnìomhan a dh'fhaodas tu a dhèanamh le do phàistean. Ma tha do phàiste ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, tha fiosrachadh ann a chuidicheas tu agus gheibh thu ceanglaichean cuideachd gu làraichean-lìn fheumail eile. Ma bhios cuideachadh a dhìth ort le do leughadh, sgrìobhadh no cunntadh, tadhail air làrach-lìn The Big Plus (**thebigplus.com**).

scottishbooktrust.com

Is e carthannas nàiseanta a th' ann an Urras Leabhraichean na h-Alba le rùn air dèanamh cinnteach gu bheil cothrom co-ionann aig daoine a tha a' fuireach ann an Alba, air leabhraichean. Bu chòir cothrom a bhith aig gach neach an cothroman beatha a leasachadh tro leabhraichean agus sgilean bunaiteach leughaidh agus sgrìobhaidh. Tadhailibh air làrach-lìn Urras Leabhraichean na h-Alba airson molaidhean a thaobh leabhraichean, gnìomhachdan spòrsail a dh'fhaodas sibh a dhèanamh aig an taigh, tachartasan ùghdaran agus mòran a bharrachd.

education.gov.scot/parentzone

Is e làrach-lìn a th' ann ann am Pàrantsòn do phàrantan agus luchd-cùraim bho thràth-bhliadhnaichean gu às dèidh sgoile. Tha e a' solarachadh fiosrachaidh mu ionnsachadh ann an Alba agus comhairle is beachdan practaigeach a' cur taic ri ionnsachadh chloinne san dachaigh. Tha fiosrachadh ann cuideachd do theaghlaichean aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd, mar as urrainn dhut a bhith an sàs ann an sgoil do phàiste agus mu na sgoiltean san sgìre ionadail agad.

playtalkread.scot

Tha làrach-lìn Cluich Labhair Leugh a' toirt seachad mòran bheachdan air gnìomhachdan a dh'fhaodas tu a dhèanamh le clann nas òige.

Leis an taic cheart, faodaidh clann uile a' bhuannachd as fheàrr fhaighinn às an sgoil.

Mar phàrant no neach-cùraim, tha e saorsainneil a bhith cinnteach ma bhios feum aig do phàiste air cuideachadh le an ionnsachadh agus a' bhuannachd as fheàrr fhaighinn às an sgoil, gum bi taic ann dhaibh.

A bheil ceist oirbh mu bheil feumalachdan taic a bharrachd a dhìth air ur pàiste?

Seo beagan fiosrachaidh cudromach a chuidicheas sibh a' beachdachadh air a bheil feumalachdan taic a bharrachd a dhìth air ur pàiste:

- Tha pàiste air ainmeachadh le 'feumalachdan taic a bharrachd' ma dh' fheumas iad airson adhbhar sam bith, taic a bharrachd no taic dhiofraichte seach 's a tha air a thabhann gu h-àbhaisteach do chlann den aon aois sna sgoiltean no sna sgoiltean-àraich.

- Chan fheum adhbhar dearbhte a bhith aig do phàiste airson a bhith airidh air taic a bharrachd le an ionnsachadh.

- Dh'fhaodadh gum bi feum aig do phàiste air taic a bharrachd aig àm sam bith tron fhoghlam aca. Tha feum aca air airson ùine ghoirid no fad na slighe aca tron sgoil-àraich agus tron sgoil.

Ge 'r bith dè na feumalachdan a tha aig do phàiste agus ge 'r bith cuin a tha iad a' tighinn am bàrr, bu chòir do gach neach a tha buntainneach feuchainn ri an comharrachadh cho tràth 's a ghabhas agus an taic air a bheil feum aca a thoirt dhaibh. Ma tha thu a' faireachdainn gu bheil feum aig do phàiste air taic a bharrachd le an ionnsachadh, bruidhinn ris an tidsear aca mu na draghan a th' agad.

0345 123 2303

www.enquire.org.uk

Làrach-lìn Enquire airson clann nas sine agus deugairean

www.reach.scot

LEUGH SGRÌOBH GUNNTAIS

Scottish Book Trust
inspiring readers and writers

Education Scotland
Foghlam Alba

Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot